

# Seanchas Ìle

## LÀMH SGRÌOBHAINNEAN MACLAGAIN

### SAOBH-CHRÀBHADH: Rudan Fortanach/Mì-Fhortanach

From Mary McLean, Lyrabus, Islay (anonymous)

6371/2

Talking of things lucky and unlucky, an Islay woman, who is a decided believer in the subject said:

Tha Donull, mo bhrathair anabarrach fortanach na choinneachadh, nam biodh duine dol air gnothuch. Abair gun robh thu dol a dh' iarruidh coingheall ni sam bi, neo dol a cheannach rud, agus gun airgiod agad, 's gum feumadh tu a' ni iarraidh air creideas; nan coinneachadh tu Donull air an rathad, dh' fheudadh tu bhi cinnteach gum faigheadh tu na bha thu ag iarraidh. Tha fios aig fhein gu bheil fortanach agus nam faiceadh e neach sam bi, air nach biodh meas aige, 'nuair a bhiodh iad air turus, san a sheachnaicheadh e 'n rathaid orra. Bha m' athair car mar sin cuideachd, agus san bu mhath le daoine e bhi gan coinneachadh 'nuair a bhiodh iad a dol air gnothuch sonraichte sam bi.

Tha cuid ann a tha na's fortanaiche na chèile. Sin agaibh m'uncle Calum. Ged is se duine math tha ann, tha e mi fhortanach na choinneachadh. Tha cridhe cumhann aige, agus cha' n 'eil duine aig am bheil sin fortanach na choinneachadh. Bithidh daoine timchioll so 'ga sheachnadh, ma chi iad e, 'nuair a bhios iad a' dol rathaid sonraichte.

Agus sin Niall Dallas agus Parra Bàn, chuireadh iad droch fhortan air duine sam bi air an coinneachadh iad. Ma bheir daoine an aire dh' a' ni, cha'n fhada gus am faic iad co tha fortanach na choinneachadh, agus co nach 'eil. Nam bithinnsa air gnothuch, agus gun coinnichinn duine, 's nach rachadh an gnothuch leam, theirinn gun do chuir an neach sin droch fhortain orm, agus gu brath tuille, sheachaininn e nam bithinn a dol air turuis.

From Mary McLean, Lyrabus, Islay (anonymous)

6374-6

Cha' n 'eil rud ann is mi-fhortanaiche na cearc guir a thoirt seachad. Ma bheir duine sam bi cearc guir do dhuinne eile, bheir a' chearc leotha gach fortan a bhiodh aig an neach a thug seachad i car na bliadhna sin, agus bi am fortan aig co air bith a fhuair i. Cha b' aithne dhomhsa sin gus an d' fhuair mi mach e mar so.

Aon uair bha da neo tri cearcan guir agam, agus thainig na h-eoin amach gu math, agus bha iad a' cinntinn gu laoghach: agus latha bha 'n sin thainig Mairi Graham a steach - bhiodh i tric 'san tigh againn-ne, agus bha i fuasach caoimhneil riumsa. B' ise dh' innis dhomh mu' n chearc guir. Bh' fheoraich i dhiom de mar bha mi faotainn air m' aghiadh le na h-eoin, agus thubhairt mise gu'n robh gu math, agus gu'n robh cearc guir agam an sin a bha bean 'Illeasbuig 'Ic Dhomhnuill ag iarruidh. .

Shaoil me gu' m buaileadh i me. Dh' eiridh mi i air a casan, agus a' cromadh os mo cheann, le a dorn duinte, thubhairt i air sgath na chunnaic mi riomh, bun a chearc sin a thoirt air falbh, oir neo nam d' thoireadh, gum dealaicheadh gach fortan rium air son na bliadhna sin. Well, ghleidh mi a' chearc an uair sin, ach an ceann bliadhna neo dha an deigh sin, thainig ban-

choimhearsnach ag iarraidh cearc guir orm, agus bha leasg orm a diultadh, agus thug mi dhi i. Well, nach d' thug i leatha gach soirbheas O'n tigh againne. Bha soirbheas airgeid, agus soirbheas cruidh, agus soirbheas eunlaith, agus na h-uile ni acasan a fhuair i; `nuair a bhasaich oirne da mhart, `s da shearraich, agus ceithir beathaicheann og. Agus air a' bhliadhna sin cuideachd bha Archie gu bochd, agus cha d' thug cearc dhe na bha ann guir amach. Nach mi bha ann am fhorach.

Thubhairt Raonull rium, "Tha thu faicinn a nis de rinn thu. Feuch an d' thoir duine sam bi cearc guir dhuitse ma dh' iarras tu i."

Mun am sin thainig m' auntie an rathad agus `nuair a bha sinn ri cainnt, dh' fheoraich i an robh cearc guir agam idir, agus thubhairt mise nach robh - gun deachaidh iad cearr orm air a' bhliadhna sin, ach nan d' thoiseadh ise te dhomh ann an coingheall, gu' m bithinn `na comain. Ach am d' thoireadh e cha d' thoireadh i fein, ach san a bha corruich oirre gun do dh' iarr mi i.

From Mary McLean, Lyrabus, Islay (anonymous) 6378

`S e rud mi-fhortanach tha ann gun solus a bhi laiste anns an seomar far am bi cupall ag cadal air oidhche am posaidh. Nuair a phosadh M.G. cha robh solus aca san seomar, agus chaidh an teine fhein as agus faicibh fhein de thachair. Bu chòr solus bhi aca fad na h-oidhche.

Agus a h-uile air sin, tha iad ag radh gun do thuit ise na cadal mus deachaidh fear na bainnse g'a leabadh.

From Mary McLean, Lyrabus, Islay (anonymous) 6378/9

Tha e air a chunntas na ni mi-fhortanach ma choinnicheas cuideachd bainnse, agus cuideachd torraidh a chèile. Ma thachaireas sin, faodaidh luchd na bainnse, Amen a' radh.

From Mary McLean, Lyrabus, Islay (anonymous) 6379

Nuair a theid daoine air imire gu tigh ùr, bu chòr dhoibh ni eigin a chuir fodh an cinn airson a cheud oidhche - Bonnach, oir neo `n clobha. Se an clobha `s fhearr, chionn tha fortan daonann anns an iarunn.